

ÒRAIDICHE FOGHLAM THIDSEARAN



Fios mun Dreuchd

www.smo.uhi.ac.uk

Tha Sabhal Mòr Ostaig na charthannas clàraichte an Alba SC002578

A charaid/A bhanacharaid,

Tha sinn fìor thoilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh anns an dreuchd Òraidiche Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus air an t-seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn. Tha 110 neach-obrach sa Cholaiste agus tha eachdraidh làidir againn a bhith ag obair mar sgioba le dàimhean làidir agus feallsanachd cho-obrachail.

Tha mi an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtas a thoirt air adhart chun na h-ath ìre. Ma tha ceistean sam bith agaibh no ma tha am barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh faodar fios a chur ri Shona NicCarraig, Stiùiriche Foghlam Thidsearan: snc.smo@uhi.ac.uk

Le deagh dhùrachdan



Stiùiriche an Fhoghlaim

mnl1.smo@uhi.ac.uk

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba agus san t-saoghal. Tha a' Cholaiste stèidhichte ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar Ionad airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha i an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

“Far am faigh a h-uile neach cothrom pàirt a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig”

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad acadaimigeach aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairginn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart. Tha a' Cholaiste na h-àite foghlaim làn-Ghàidhlig agus na h-àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, le sàbhaladh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig mar phrìomh adhbhar na Colaiste.

Ar Sealladh

Bidh Sabhal Mòr Ostaig mar:

**Shàr ionad nàiseanta is eadar-nàiseanta airson na Gàidhlig
Shàr ionad foghlaim is rannsachaidh
Shàr ionad dha na Meadhanan is na h-Ealain Ghàidhlig
Phrìomh ionad ionnsachaidh na Gàidhlig
Shàr ionad cleachdaidh na Gàidhlig
Phrìomh àite-obrach na Gàidhlig
Làn chom-pàirtiche ann an lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Luachan agus Dòighean-obrach an t-Sabhail

A' brosnachadh Co-ionannachd

Tha co-ionannachd aig cridhe obair na Colaiste anns a h-uile dòigh.

Miann

A' togail air soirbheachas mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig gus coimhearsnachd na Gàidhlig a mhisneachadh agus a neartachadh.

A' Ghàidhlig

Tha an cànan aig cridhe obair na Colaiste agus tha sinn a' dèanamh a h-uile oidhirp airson a neartachadh agus a leasachadh anns gach raon de ar n-obair.

Sàr-ionad

Tha a' Cholaiste stèidhichte airson a bhith na shàr-ionad foghlaim, rannsachaidh agus leasachaidh, ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is com-pàirtichean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e mar amas dhuinn taic a chur ri ar n-oileanaich agus ri ar luchd-obrach a chum maith am beatha.

Aig cridhe na Coimhearsnachd

Tha Sabhal Mòr Ostaig aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig, aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Daoine

'S iad ar daoine – luchd-obrach, oileanaich, buill ar coimhearsnachd agus ar luchd-ceuma a tha sgapte air feadh an t-saoghail, an neart as motha a th' againn. Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth còmhla riutha gus an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil.

Fosgailte agus Onarach

Tha soirbheachas na Colaiste an crochadh gu mòr air a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu h-onarach agus gu fosgailte agus a bhith dìreach nar cuid conaltraidh ris gach neach leis a bheil sinn ag obrachadh.

Ùr-ghnàthach

Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh dhi fhèin mar shàr-ionad ùr-ghnàthach aig cridhe leasachadh na Gàidhlig.

A' cur ri luach eaconamach agus sòisealta

Tha buaidh mhòr aig obair an t-Sabhail Mhòir air eaconamaidh agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha a' Cholaiste a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' sgaoileadh nam buannachdan sin a tha i a' cruthachadh gu maith ar coimhearsnachdan air fad.

Cùrsaichean is Oileanaich

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha i na com-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte, spèisealta, àiteachan-fuirich air an àrainn agus ionad cùraim chloinne faisg air làimh.

Tha còrr is 240 oileanaich clàraichte air cùrsaichean foghlam àrd-ìre againn ann an 2022-23 agus an aon àireamh de dh'oileanaich ag ionnsachadh Gàidhlig air astar air a' Chùrsa Inntigidh. Bidh na Cùrsaichean Goirid a' ruith tron bhliadhna, an dà chuid air-loidhne agus air làrach an t-Sabhail aig àm na Càisge agus tro mhìosan an t-Samhraidh, nuair a gheibh faisg air 900 neach taic, teagasg agus oideachadh sa Ghàidhlig agus ann an ceòl, seinn is cultar na Gàidhlig. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd. Tha e àbhaisteach gum bi co-dhiù fichead dùthaich air a riochdachadh am measg oileanaich an t-Sabhail sa bhliadhna. Tha sinn cho toilichte gu bheil an teagasg air na Cùrsaichean Goirid air ais air làrach an t-Sabhail a-rithist.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur an sgilean gu feum ann an leasachadh a' chàinain. Tha còrr is 1,000 ceumnaiche air tighinn tro dhorsan na Colaiste, bhon a thòisich na cùrsaichean àrd-ìre ann an 1985.

Foghlam Adhartach

Cùrsaichean Goirid - Gàidhlig (gach ìre) agus Ceòl (measgachadh)

An Cùrsa Inntigidh - do luchd-tòiseachaidh air astar

Preantasachd Stèidheachaidh anns na Meadhanan Didseatach

Preantasachd Stèidheachaidh ann an Seirbheisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)

SVQ 2 ann an Seirbheisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)

SVQ 3 ann an Seirbheisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)

Foghlam Àrd ìre

Teisteanasan Foghlaim Àrd-ìre

CertHE An Cùrsa Adhartais - do luchd eadar-mheadhanach air astar

CertHE An Cùrsa Comais - do luchd eadar-mheadhanach (làrach)

CertHE Gàidhlig is Conaltradh - bliadhna càinain do dh'fhileantaich (làrach)

Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre (Diop HE) anns na Meadhanan Gàidhlig

Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre (Diop HE) ann an Gàidhlig is Cuspairean Co-cheangailte

Ceumannan

BA (Urr) Gàidhlig

BA (Urr) Gàidhlig le Leasachadh

BA (Urr) Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta

BA (Urr) Gàidhlig is Foghlam (teisteanas teagaisg na lùib)

For-cheumannan

MSc Cultar Dùthchasach is Eachdraidh na Gàidhealtachd

PDA Eadar-theangachadh Gàidhlig

MEd. Foghlam Gàidhlig

Cothroman MRanns agus PhD

Àrainneachd Bheothail

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal), agus iomadh tachartas ionadail air an cumail ann cuideachd.

Tha iomadh togalach againn air an làraich agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)

Faclair na Gàidhlig

Ainmean Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

Companaidhean agus Buidhnean leis a' Cholaiste

Fàs Mòr - Ionad cùraim chloinne

Cànan (CGS) - Companaidh ioma-mheadhan na Colaiste

Luchd-màil nan Oifisean

Dualchas – Ailtirean

Young Films – Companaidh film

The Forge Entertainment (Highlands & Islands) Limited – Companaidh Riochdachaidh Film agus Telebhisein

Safe Route Telecom – Companaidh IT

Òraidiche Foghlam Thidsearan – Fios mun dreuchd

Tha Sabhal Mòr Ostaig a-nise aithnichte mar ionad sònraichte ann am Foghlam Thidsearan Gàidhlig. Tha sgioba ghleusta stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig a tha a' cur ri Foghlam Thidsearan aig ìre fo-cheum agus for-cheum, ann a bhith a' cruthachadh chothroman ann an ionnsachadh proifeiseanta do thidsearan agus a bhith ag obair ann an com-pàirteachas ri sgoiltean airson ùidh a bhrosnachadh ann an Gàidhlig am measg sgoilearan. Tha Sabhal Mòr Ostaig an-dràsta a' sireadh thagraichean mu choinneimh dreuchd Òraidiche ann am Foghlam Thidsearan. Thèid againn air a bhith sùbailte a thaobh uairean-obrach an cois na dreuchd ach bhiodh an obair stèidhichte gu ìre mhòr air làrach na Colaiste. Bidh an neach soirbheachail a' cur gu mòr ri teagasg agus buaidh, a' gabhail a-steach dealbhadh is libhrigeadh cùrsa aig ìre ro-Urram, Urram (BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam), PGDE (Slighe Ghàidhlig) agus MEd ann am Foghlam Gàidhlig, a rèir eòlais. Tha sinn a' cur fàilte air iarrtasan airson na dreuchd seo bho thagraichean uidheamaichte aig a bheil ùidh ann an obair làn-ùine no pàirt-ùine. Feumaidh làn-chlàradh GTCS a bhith aig tagraichean aig ìre bun-sgoile/àrd-sgoile. Chuireamaid fàilte gu h-àraid air tagraichean aig a bheil teisteanas bun-sgoile ach bidh sùbailteachd ann a thaobh seo. Feumaidh sàr eòlas a bhith aig tagraichean air a bhith a' teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

'S e cothrom air leth a tha seo airson taic a chumail ri ginealach ùr de thidsearan Gàidhlig agus a bhith a' co-obrachadh ann an sàr sgioba air àrainneachd bhrosnachail, dhùbhlanach is luachmhor, tro mheadhan na Gàidhlig. Bhiodh eòlas air teagasg aig ìre fo-cheum feumail, ach chan eil e riatanach. Bidh cothroman ann airson leasachadh proifeiseanta ann an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig an ìre seo.

Bidh e comasach dhut a bhith a' teagasg air modalan a tha ann mar-thà, leithid Ag Amas air Teagasg 1, Clann agus an Ionnsachadh agus Greisean-sgoile 1 agus 2, far am bi thu a' cumail taic ri, agus a' tadhal air, oileanaich air greisean-sgoile ann an clasaichean Gàidhlig air feadh na dùthcha. Bhiodh tu ag obair mar phàirt den sgioba airson modalan a leasachadh, ionnsachadh proifeiseanta a thoirt do thidsearan agus a bhith an sàs ann an ro-innleachdan gu ùidh a bhrosnachadh ann an teagasg Gàidhlig am measg sgoilearan. Bidh e comasach dhut a dhol an sàs gu h-èifeachdach ann an teagasg aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, agus a bhith ag adhartachadh ionnsachadh do dh'oileanaich teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig.

Prògraman fo-cheum agus for-cheum aig Sabhal Mòr Ostaig

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' tathann grunn chùrsaichean fo cheum agus for-cheum, air astar agus air an àrainn, le spèisealachdan ann an cànan, leasachadh agus poileasaidh cànan, litreachas, dualchas, na meadhanan, foghlam, ceòl traidiseanta agus eadar-theangachadh. Tha na goireasan leabharlainn agus tasglainn againn a' sìor-fhàs, agus a' tarraing àireamh nas motha de dh'oileanaich fhor-cheum. Bha sinn riamh èasgaidh gu frithealadh air feumalachdan foghlaim ann an Gàidhlig, agus tha sin air aithneachadh san inbhe a tha againn mar Ionad Nàiseanta airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig. Bha sinn aig teis-meadhan nan oidhirpean a thug Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gu buil. Am bliadhna, tha sinn a' comharrachadh 50 bliadhna de Shabhal Mòr Ostaig agus tha sinn ag obair air planaichean airson inbhe SMO mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a neartachadh.

Cùrsaichean Fo-Cheuma

Tha na trì ceumannan BA/BA le Urram ann an Gàidhlig, Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta agus Gàidhlig & Foghlam ag obair còmhla ann an 'sgeama', a' tòiseachadh le 'bliadhna cànan' (le cùrsaichean fa leth aig SCQF Ìre 7 do luchd-ionnsachaidh, oileanaich a tha fileanta ann an Gàidhlig, agus oileanaich air astar). An-dràsta tha na prògraman seo a' gabhail a-steach litreachas bhon 21mh linn, dualchas agus beul-aithris, eachdraidh na Gàidhlig is na Gàidhealtachd, ainm-eòlas, ceòl traidiseanta, eòlas cànan, eòlas foghlaim, sgilean rannsachaidh agus sgilean eadar-theangachaidh. Tha an teagasg air BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam a' cur fòcas sònraichte air foghlam bogaidh agus dòighean-teagaisg iomchaidh airson àrainneachd bhrosnachail Ghàidhlig a stèidheachadh san sgoil. Tha àrainneachd na Colaiste a' cur gu mòr ris an fheallsanachd seo. Chuireamaid fàilte air tagraichean a tha air a bhith an sàs gu mòr ann an ro-innleachdan sònraichte a thaobh Foghlam Gàidhlig aig ìre ionadail no ìre nàiseanta.

Cùrsaichean For-Cheuma

A bharrachd air oileanaich rannsachaidh PhD, tha cùrsaichean for-cheum againn - MSc ann an Cultar Dùthchasach & Eachdraidh na Gàidhealtachd, Maighstireachd Rannsachaidh ann an Gàidhlig is Ceiltis, MEd ann am Foghlam Gàidhlig, agus PGDE ann am Foghlam (Bun-sgoil, Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil agus cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil). Bhiodh an tagraiche soirbheachail a' cur ris na prògraman Foghlaim ann a bhith a' cumail taic ri oileanaich ann an sgoiltean agus a bhith a' teagasg oileanaich air astar air-loidhne, a rèir an eòlais fhèin. Thathar an dùil gum biodh an tagraiche soirbheachail cuideachd a' cur ri MEd ann am Foghlam Gàidhlig, a rèir eòlais.

Tha sinn cuideachd air cùrsaichean for-cheuma a thabhann ann am foillseachadh agus ann an eadar-theangachadh.

Coimhearsnachd Rannsachaidh Shabhal Mòr Ostaig

Tha àite cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig ann an ath-bheothachadh cànanach agus cultarach na Gàidhlig ann an Alba. Tha cliù eadar-nàiseanta againn airson a bhith a' sgrùdadh eachdraidh agus litreachas na Gàidhlig, an-dè agus an-diugh; airson rannsachadh air taobhan poilitigeach, foghlaim agus coimhearsnachd air ath-bheothachadh mion-chànanan; agus airson a dhol an sàs le ealain chruthachail Ghàidhlig agus le meadhanan craolaidh agus air-loidhne.

Tha SMO na dhachaigh do ghrunn phrìomh phròiseactan ro-innleachdail ceangailte ris a' Ghàidhlig agus prògraman co-cheangailte ri leasachadh ghoireasan. Tha e na dhachaigh don phròiseact eadar-oilthigh Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, agus Tobar an Dualchais. Tha sinn cuideachd nar com-pàirtiche ann an SpeakGaelic agus grunn phròiseactan cudromach nàiseanta is eadar-nàiseanta eile le fòcas air leasachadh mion-chànanan, ionnsachadh cànan le taic coimpiutair, leasachadh coimhearsnachd agus ealain mion-chànanan.

Tha an ro-innleachd rannsachaidh is buaidh againn ag amas air togail air a' chliù rannsachaidh àrd-ìre a tha againn agus gun lean sinn oirnn a' cur prìomhachas air gnìomhan rannsachaidh a leasaicheas tuigse agus mothachadh air cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig.

Tha cothroman trèanaidh agus leasachaidh aig luchd-obrach a tha an sàs ann an rannsachadh, a bharrachd air cothroman air comhairleachadh, maoineachadh agus faochadh bho dhleastanasan eile airson gnìomhan rannsachaidh, le taic tro Mhaoin Cho-labhairt agus Mhaoin Shiubhail OGE, Mhaoin Leasachaidh Luchd-obrach SMO, agus Sgeama Sàbaid OGE. Bidh sinn a' cumail sreath de cho-labhairtean rannsachaidh cunbhalach far am bi an luchd-obrach againn fhèin agus luchd-tadhail agus oileanaich iar-cheumnach a' taisbeanadh an cuid obrach.

TIOTAL-OBACH	Òraidiche ann am Foghlam Thidsearan
UAIREAN-OBACH	Chuireamaid fàilte air iarrtasan airson obair làn-ùine no pàirt-ùine
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Shona NicCarraig, Stiùiriche Foghlam Thidsearan, Sabhal Mòr Ostaig
UALLACH AIRSON	Faic prìomh uallaichean fodha
SGÈILE TUARASTAIL	Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean: £35,170 – 43,357
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Thèid an teagasg a dhèanamh aig Sabhal Mòr Ostaig, Slèite ach le sùbailteachd a bhith ag obair air astar aig amannan eile den bhliadhna.

Prìomh Amas na h-Obrach

A’ **teagasg mhodalan àrd-ìre** do dh’oileanaich teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig air an làraich agus air astar, agus ag eagrachadh agus ag ath-bhreithneachadh phròiseasan teagaisg, measaidh agus rianachd co-cheangailte ri prògraman fo-cheum agus for-cheum Foghlaim aig Sabhal Mòr Ostaig. Ag obair ann an com-pàirteachas ri sgoiltean gus oileanaich ullachadh airson dreuchd ann an teagasg ann am Foghlam Gàidhlig aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile.

Prìomh Dhleastanasan agus Uallaichean

A’ cur gu mòr ri **libhrigeadh teagaisg, planaidh, stiùiridh agus measaidh**, ann am prògraman Foghlaim fo-cheum is for-cheum taobh a-staigh an t-Sabhail Mhòir (làrach agus astar) agus, ma dh’fhaodte, ri cùrsaichean agus modalan/aonadan eile a thèid aontachadh le do Mhanaidsear

Rianachd cùrsa a dhèanamh, a’ cumail ri cinn-là riatanach, a’ dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh air a chonaltradh gu h-èifeachdach, gu sònraichte riatanasan agus slatan-tomhais measaidh

A’ cuideachadh le **greisean-sgoile** air na prògraman Foghlaim agus a’ tadhal air oileanaich ann an sgoiltean a rèir modhan nàiseanta agus dòigh-obrach roinn Foghlaim na Colaiste

A’ leasachadh dòighean èifeachdach air **teicneòlas ionnsachaidh** a chleachdadh ann an libhrigeadh a’ chùrsa, eagrachadh a’ chùrsa, ais-bheachdan agus measadh

A’ cumail **comhairle is taic ri oileanaich**. Bidh Comhairlichean Acadaimigeach Pearsanta aig gach oileanach, agus bidh coinneamh aca còmhla riut turas gach semeastar

A’ gabhail os làimhe **obair rianachd**, mar a thèid aontachadh le Stiùiriche an Fhoghlaim

A' dèanamh cinnteach gum bi **dòigh-obrach in-ghabhalach** agus stèidhichte air fianais ann a bhith a' comasachadh ionnsachadh ann an raon de chruthan aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne leithid clasaichean oideachaidh, òraidean, ionnsachadh stèidhichte air duilgheadasan, a bhrosnaicheas com-pàirteachadh nan oileanach agus coileanadh builean ionnsachaidh

A' **leasachadh dàimhean-obrach èifeachdach le oileanaich** agus, ann an com-pàirteachas le seirbheisean oileanach, dèiligeadh ri feumalachdan sònraichte no suidheachaidhean measgaichte a chuireas luach ann an diofar dhòighean ionnsachaidh

A' **leasachadh dàimhean le luchd-ùidh air an taobh a-muigh**, a' cur ri obair is inbhe na sgeama agus a' taisbeanadh sàr-mhaitheas agus cothroman co-obrachaidh

A' dol an sàs ann an gnìomhan **leasachadh proifeiseanta leantainneach** mar a bhios iomchaidh

A' cur ri **àrainneachd rannsachaidh na Colaiste a thaobh Foghlam Gàidhlig**, far am biodh seo iomchaidh

A' gabhail pàirt ann an gnìomhan co-cheangailte ri **trusadh oileanach** (m.e. làithean fosgailte) agus intrigeadh

A' cur ri **àrdachadh ìomhaigh eadar-nàiseanta na Colaiste** a rèir a' Phlana Ro-innleachd.

Dleastanasan iomchaidh sam bith eile mar a thèid iarraidh le Manaidsear/Stiùiriche an Fhoghlaim

Sònrachadh Pearsa

	Riatanach	Buannachdail
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta	<p>Fo-cheum no Ceum le Urram ann an cuspair iomchaidh</p> <p>Teisteanas teagaisg aig ìre bun-sgoile/àrd-sgoile</p> <p>Làn-chlàradh aig GTCS</p>	<p>Eòlas air ceannas ann am Foghlam Gàidhlig</p> <p>Teisteanas aig ìre bun-sgoile</p>
Eòlas	<p>Eòlas teagaisg agus dearbhadh air a bhith a' cur ri Foghlam Gàidhlig aig ìre bun-sgoile no ìre àrd-sgoile</p> <p>Comas dearbhte air modhan-teagaisg ann am foghlam bogaidh agus dòighean-ionnsachaidh aig ìre sgoile</p> <p>Ag adhartachadh agus a bhith a' cur an cèill lèirsinn airson Foghlam Gàidhlig aig ìre sgoile agus An Treas Ìre</p> <p>Comasach air a bhith ag obair mar phàirt de sgioba</p> <p>Taic do dh'oileanaich mar Chomhairliche Acadaimigeach Pearsanta (no coltach ris)</p> <p>Cleachdte ri teagasg air-loidhne is ri bhith a' dèanamh feum de dh'àrainneachd ionnsachaidh air-loidhne (VLE)</p>	<p>Comas dearbhte air modhan-teagaisg cànan agus leasachadh cànan</p> <p>Deagh eòlas air leasachaidhean aig ìre nàiseanta ann am Foghlam Gàidhlig</p> <p>Eòlas air a bhith an sàs ann an rannsachadh</p>
Sgilean	<p>Fileantachd sa Ghàidhlig a thaobh labhairt, leughadh agus sgrìobhadh</p> <p>Comas dearbhte a bhith a' dealbhadh, ag ath-bhreithneachadh agus ag adhartachadh phrògraman</p>	<p>Eòlas ann an leasachadh agus taisbeanadh dòighean-teagaisg is rannsachaidh agus a' dealbhadh mhodalan agus mhodhan-obrach</p> <p>Comas a thaobh teagasg air-loidhne (m.e. Webex, Brightspace)</p>

	<p>ionnsachaidh, teagasg agus measaidh</p> <p>Deòin a bhith a’ com-pàirteachadh ann an ionnsachadh proifeiseanta leantainneach gus sgilean agus eòlas a leudachadh</p> <p>Sgilean math rianachd agus comasan eagrachaidh gun stiùireadh</p> <p>Comas sgilean a nochdadh ann am Microsoft Office airson teagasg agus rianachd</p>	
Comasan Pearsanta	<p>Deònach a bhith a’ siubhal gus tadhal air sgoiltean air feadh na dùthcha nuair a bhios feum air</p> <p>Comas obrachadh ann an sgioba</p>	

Uairean-obrach

Làn-ùine: 35 uairean gach seachdain
Pàirt-ùine – ri dhearbhadh

Saor-làithean

Làn-ùine: 50 latha sa bhliadhna (a' gabhail a-steach saor-làithean poblach)
Pàirt-ùine – ri dhearbhadh

Sgèile Tuarastail:

Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean: £35,170 – 43,357

Thèid tuarastal a phàigheadh a-steach gu cunntas banca air an latha-obrach mu dheireadh dhen mhìos.

Tha sgeama pheinnseanan aig a’ Cholaiste a tha fosgailte don luchd-obrach air fad.

Ann a bhith a’ cumail taic ri luchd-obrach àrd ire de chàileachd a thabhann anns na seirbheisean againn, a bhith ag aithneachadh feumalachdan trèanaidh agus a’ toirt taic do leasachadh pearsanta an luchd-obrach air fad, thèid gach neach-obrach an sàs ann an Luachadh Bliadhnail cuide ri Manaidsear.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air taic shònraichte a thoirt dhut na sgilean cànan agad a leasachadh agus thèid cothroman sònraichte ionnsachaidh a thabhann dhut ri linn seo.